

5 An Cèitean 2026

A phàrant/neach-cùraim chòir

San Fhaoilleach 2026, thadhail sgioba de Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air Acadamaidh agus Sgoil-àraich Bhràghad Albainn. Rè an tadhail againn, bhrudhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim is clann agus dh'obair sinn gu dlùth leis a' cheannard agus luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha an ceannard a' libhrigeadh ceannardas glè bhrosnachail a tha a' toirt seachad spionnadh. Thathar a' cur sùim mhòr oirre air feadh coimhearsnachd na sgoile. Tha àrd-stiùirichean agus meadhan-stiùirichean ag obair gu math còmhla mar sgioba làidir, a' leasachadh feallsanachd de dhàimhean deimhinneach agus spèiseil mar phàirt de dh'aon choimhearsnachd sgoile air fad.
- Tha luchd-obrach a' leasachadh barrachd cunbhalachd agus càileachd ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh. Mar thoradh air seo, tha clann agus daoine òga air am brosnachadh a bhith ag ionnsachadh. Tha iad a' gabhail pàirt gu math ann an leasan.
- Tha feumalachdan sunnd is ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga gan coileanadh gu smuainteachail le sgioba de luchd-obrach agus com-pàirtichean a tha eòlach orra. Mar thoradh air seo, tha e follaiseach gu bheil clann is daoine òga a' faireachdainn gu bheil iad a' buntainn ri coimhearsnachd na sgoile agus a' coileanadh bhuilean deimhinneach.
- Tha àrd-stiùirichean agus luchd-obrach a' cleachdadh dàta gu h-èifeachdach gus beàrnan ann am buileachadh agus coileanadh luchd-ionnsachaidh a chomharrachadh. Tha iad ag amas air leasachaidhean soirbheachail, a tha a' cur am meud an àireamh de chlann is daoine òga a tha a' buileachadh gu math.
- Tha luchd-obrach, pàrantan agus com-pàirtichean coimhearsnachd a' toirt taic do agus a' cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig gu dealasach. Còmhla ri oidhirpean an luchd-obrach, tha seo a' cur ri fèin-aithne chloinne is dhaoine òga a thaobh na Gàidhlig. Tha an àireamh a tha ag ionnsachadh Gàidhlig a' dol am meud aig na tràth-ìrean.
- Tha luchd-obrach san sgoil-àraich air àrainneachd àrachail agus in-ghabhalta a chruthachadh. Tha seo a' cur air adhart faireachdainn coimhearsnachd sa bheilear a' cur fàilte agus luach air a h-uile duine. Tha luchd-obrach air dàimhean glè mhath a chruthachadh le pàrantan. Tha pàrantan a' faireachdainn gu bheil iad a' cur fàilte orra agus tha iad a' bruidhinn le misneachd ris an sgoil-àraich. Tha clann misneachail, sona agus tha eòlasan-ionnsachaidh na sgoil-àraich a' còrdadh riutha.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus bheachdaich sinn orra leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Pheairt is Cheann Rois.

- Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' fighe a-steach na dòighean-obrach aca a thaobh piseach a chur air ionnsachadh, teagasg agus measadh air feadh na sgoile. Bu chòir dhaibh fòcas a chur air mar as urrainnear fiosrachadh measaidh a chleachdadh nas èifeachdaiche gus ìrean iomchaidh de dh'ionnsachadh aig deagh astar agus dùbhlachd a phlanadh airson luchd-ionnsachaidh.
- San sgoil-àraich, feumaidh luchd-obrach sùil a chumail air com-pàirteachadh chloinne ann an ionnsachadh agus feumaidh iad a bhith a' fineachadh nam modhan-obrach aca airson adhartas chloinne a mheasadh agus a chlàradh. Bu chòir lèirmheas a dhèanamh air na h-eòlasan agus àitichean airson chlann fo 3 bliadhna a dh'aois.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dòigh-obrach nas ro-innleachdaiche a leasachadh airson àrdachadh fhaighinn ann an àireamh iomlan de chlann is daoine òga aig a bheil fileantas de dh'àrd-chàileachd ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bu chòir dhaibh planadh airson raon iomlan de ghoireasan gus am faod ionnsachadh agus teisteanachadh chloinne agus daoine òga a bhith ann an Gàidhlig.
- Mar a thathar a' planadh, bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach leasachadh a bharrachd a dhèanamh air a' churraicealam gus am faod a h-uile pàiste is duine òg a bhith a' tuigsinn an sunnd gu buileach. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil an obair seo a' tairgse barrachd chothroman do chlann is daoine òga a bhith ag ionnsachadh mu gach taobh de cho-ionannachd air feadh na sgoile.
- Bu chòir do luchd-obrach cumail orra ag àrdachadh buileachadh chloinne is daoine òga. Bu chòir dhaibh fòcas a chur air dèiligeadh ris na beàrnann a chòrr a chaidh a chomharrachadh a thaobh buileachadh agus coileanadh.

Thionail sinn fianais gus ar comasachadh luach a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn \(4mh eagraan\)](#). Tha slatan-tomhais deagh ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh breithneachadh air dè tha ag obair gu math agus dè tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tionail fiosrachadh mu na luachaidhean againn gus am faod iad tracadh ciamar a tha sgoiltean na h-Alba a' coileanadh.

Is iad seo na luachaidhean aig HMIE air Acadamaidh Bhràghad Albainn - Breadalbane Academy

Slatan-tomhais Deagh Ghnè	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	Math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	Math
Leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltachd	Math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	Riarachail
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh eagraan) Eàrr-ràdh 3: An sgèile sia-puing	

Thionail sinn fianais gus ar comasachadh a bhith a' dèanamh luachadh air obair Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne le bhith a' cleachdadh trì slatan-tomhais deagh ghnè à [Frèam-obrach Leasachadh Càileachd airson nan raointean tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne](#).

Slatan-tomhais deagh ghnè airson na sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla agus na sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig	Luachadh
Curraicealam	Math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	Riarachail
Sunnd, in-ghabhaltas agus co-ionannachd	Math

Gheibhear sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche ris an canar Gèarr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh-sgoile (SIF) air làrach-lìn HMIE aig:

[Acadamaidh Bhràghad Albainn | Aithisg Sgrùdaidh | Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle Pheairt is Cheann Rois fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Patricia Cameron
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba